

UHI Research Database pdf download summary

Stèidheachadh Ideòlais-chànain Ùir

Armstrong, Timothy Currie

Published in:

Rannsachadh na Gàidhlig 6

Publication date:

2013

The re-use license for this item is:

CC BY-NC

The Document Version you have downloaded here is:

Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):

Armstrong, T. C. (2013). Stèidheachadh Ideòlais-chànain Ùir: cnag na cùise ann an ath-neartachadh cànanain ann an cunnart. In C. Ó Baoill, & N. McGuire (Eds.), *Rannsachadh na Gàidhlig 6* (pp. 361). An Clò Gàidhealach. http://gaelicbooks.org/index.php?route=product/product&product_id=977

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

Stèidheachadh Ideòlais-chànain Ùir; cnag na cùise ann an ath-neartachadh cànan ann an cunnart.

Timothy Currie Armstrong

Soillse

Sabhal Mòr Ostaig

O chionn ghoirid, sgrìobh Ruth Wishart pìos a nochd anns a' *Glasgow Herald* agus i a' beachdachadh air Ath-bheothachadh na Beurla Gallda. Anns an alt, thog i ceist inntinneach mu dheidhinn ath-leasachadh-cànain agus saor-thoil, ceist a thogas ceann ann an iomairtean ath-bheothachaidh uair agus uair,

[...] both ourselves and the Welsh could do worse than examine the lessons of Ireland, where attempted compulsion via immersion in schools, regional development policies, civil-service publications and standardisation of spelling and usage stubbornly failed to restore the primacy of Irish Gaelic. [...] The lesson seems to be that people need to be enthused rather than compelled to rediscover the joys of hearing themselves in their own voice.

Wishart (4, An Giblean, 2007)

'S ann tric ann an ruith conaltraidh mu ath-leasachadh-cànain a chluinnear 'nach urrainnear toirt air daoine cànan a bhruidhinn,' agus is coltach gun robh Ruth Wishart aig an aon duan anns an alt seo, ach dè as ciall dhan t-seaghachas choitcheann seo? 'S e rud comannach co-aontachail a th' ann an dèanadas-cànain agus chan eil cus taghaidh phearsanta againn air na cànanan a bhruidhneas sinn nar beatha mar as àbhaist. Tha an cleachdadh-cànain againn ga riaghladh le structaran sòisealta anns a' chomann far a bheil sinn beò agus chan eil taghadh an neach fa leth a' gabhail pàirt mòr anns a' ghnothach. 'S ann gu bitheanta a bhios laghan an reachd a shònraicheas dè na cànanan a ghabhas cleachdadh ann an obair an riaghaltais, anns a' chùirt-lagha, ann am foghlam agus anns an àite-obrach. Agus ann an comann sam bith, bidh gnàthan-cànain (*language norms*) làidir an gnìomh a stiùricheas taghadh-cànain anns a' chomann sin, gnàthan-cànain a bhios a-mach à làmh an neach fa leth gu h-ìre mhòir. (Armstrong 2011) Tha mion-chànanan air feadh an t-saoghail a' dol à bith agus thathar a' toirt air luchd-labhairt, le cumhachd phoilitigeach agus le cumhachd eaconomach, na cànanan dualchasach aca a thrèigsinn. Ann an suidheachadh mar seo, dè bha Ruth Wishart a' sònrachadh nuair a chleachd i am facal, *compulsion*, an rèis ath-leasachaidh-chànain?

Mar eisimpleir eile, cuiream an luaidh aig Ruth Wishart an coimeas ri earrann bho alt le Andrea Byrne a nochd mun aon àm anns *The Irish Independent*. An seo, tha Andrea Byrne a-mach air ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Èirinn agus ise ag aithris mun linn a bh' aice ann an colaiste-shamhraidh anns a' Ghaeltacht,

Having grown up with Irish, one of my most enduring memories while in the Gaeltacht, is of some battleaxe of a bainisteoir (manager) telling me to pack my malaí because I accidentally asked the person beside me to "Pass the sugar" instead of requesting her to "Sín chugam an siúcra". It was this kind of zealous thinking that turned people off the language.

Byrne (13, An Giblean, 2007)

Tuigear gun robh Andrea Byrne dhen aon bheachd ri Ruth Wishart, agus i a' cur an cèill nach soirbhicheadh le *compulsion* ann an ath-leasachadh-cànain. Thagair i gun robh an riaghailt mu chleachdadh na Gàidhlig a bha an reachd anns a' cholaiste-shamhraidh tuilleadh 's "*zealous*" agus gun cuireadh an riaghailt làidir sin daoine dheth. Ach a-rithist, dè as ciall dha na beachdan seo, gu h-àraidh an co-theacsa ath-leasachadh mion-chànain a tha ri crìonadh? 'S ann tric a chluinnear am facal seo, *compulsion*, ann an conaltradh a-mach air iomairt Ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Èirinn gu sònraichte, ach mholainn gu bheil rudeigin a dhìth anns a' bhreithneachadh aig Andrea Byrne agus aig Ruth Wishart air a' chùis, gu bheil dìth anns a' chonaltradh seo mu *compulsion* agus nach toir argamaidean dhen leithid dealbh slàn coileanta dhuinn air iom-chànanachas ann an comann.

Mholainn gu bheil na beachdan aig Andrea Byrne agus Ruth Wishart bonntaichte air tuigse aon-taobhach de nàdar cànain, tuigse a chuireas a h-uile cuideam air saor-thoil an neach fa leth, ach tuigse nach aithne an taobh sòisealta de nàdar cànain, agus gu sònraichte, tuigse nach gabh ri ideòlas-cànain mar eileamaid chudromach de nàdar cànain. 'S e ideòlas-cànain a nì cànain beò ann an seagh. Innsidh ideòlas-cànain dà rud dhuinn mu dheidhinn cànain: carson a tha an cànain sin cudromach, (cudromach dar fèin-aithne ann an dòigh air choireigin mar as tric), agus ciamar am bu chòir dhuinn an cànain sin a chleachdadh. (Faicibh lèirmheas ann an Kroskity 2004 agus ann an Woolard 1998) Gun ideòlas, bhiodh cànain glaiسته marbh ann am faclairan agus ann an leabhraichean gràmair. Bheir ideòlas-cànain adhbhar dhuinn cànain a chleachdadh, agus riaghailtean dhuinn, gnàthan-cànain, a dh'innseas dhuinn càit, cuin agus cò leis a chleachdas sinn ar cànain. Mur eil fios againn dè am feum a th' ann an cànain dhuinn agus cuin am bu chòir dhuinn a chleachdadh, chan ionnsaich sinn e, cha bhruidhinn sinn e, agus cha chuir sin air adhart dhan ath ghinealach e. Tha ideòlas-cànain na cheangal eadar comas-cànain air an darna làimh agus cleachdadh-cànain air an làimh eile, agus mar sin, tha ròl teis-meadhanach aig ideòlas ann an iomairtean ath-leasachaidh-chànain. (Armstrong ri teachd)

Nuair a bhios sinn a' feuchainn ri cànain ann an cunnart mar a' Ghàidhlig ath-neartachadh no ath-leasachadh, tha sin a' ciallachadh, thar a h-uile nì eile, gum bi sinn an sàs ann am moladh ideòlais ùir mu dheidhinn luach agus cleachdadh a' chànain sin. Aig a' mhion ìre, tha sin a' ciallachadh gum bi sinn a' moladh agus a' dìon ghnàthan-cànain ùra ann an làraichean agus ann an suidheachaidhean a tha cudromach don chànan, ann am buidhnean beaga, ann an coimhearsnachdan agus ann an teaghlaichean. Bha Andrea Byrne a-mach air an dearbh ghnìomh seo anns an earrainn gu h-àrd, agus rianairean na colaiste-samhraidh aice a' feuchainn ri gnàth-cànain ùr làidir a stèidheachadh am measg luchd-labhairt òg na Gàidhlig. Ged a mheas Andrea Byrne gun robh riaghailt Ghàidhlig na colaiste aice ro dhiorrasach, feumar, ann an dòigh air choireigin, gnàthan ùra a stèidheachadh an taic ri cleachdadh a' mhion-chànain ann an iomadh làrach agus suidheachadh, air neo, cha tèid an cànain a bhruidhinn. Chan e gnìomh an neach fa-leth a th' anns an obair ideòlaich seo, ach gnìomh sòisealta a nì luchd-labhairt ri chèile ann am buidhnean, ann an comannan agus ann an coimhearsnachdan. Bidh an sealladh Ùr-libearalach, le a chuideam air saor-thoil an neach fa leth, gar cur air iomrall ma tha sin ag iarraidh an gnìomh sòisealta seo a thuigsinn (cf. Clayton 2008; McEwan-Fujita 2005).

Nithear argamaid anns a' chaibideil seo nach eil faclan mar *compulsion* no *zealous* ro chuideachail ann an tuigsinn gnìomh ath-leasachadh cànanain. Gu sònraichte, chan eil am bun-bheachd, *compulsion*, mar a chaidh cleachdadh le Ruth Wishart, ag gabhail a-steach an ròl aig ideòlas ann am beatha cànanain mar ghnìomh shòisealta. Ma tha sinn a' dol a neartachadh mion-cànain ann an cunnart, chan e ceist a th' ann, am bu chòir dhuinn gnàthan-cànain ùra a chur air adhart, ach *ciamar?* Ged a tha a' cheist seo ro chudromach do shoirbheas ath-leasachaidh-chànain, gu ruige seo, cha do rinneadh mòran sgrùdaidh air gnìomh an ideòlais-chànain ann an iomairtean ath-bheothachaidh, gu sònraichte aig a' mhion-ìre. Eadar 2006 agus 2007, rinn mi rannsachadh air gnìomh an ideòlais ann am buidheann bheag Ghàidhlig ann am Baile Átha Cliath dam b' ainm Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide, agus an seo, nì mi cunntas air ann rannsachadh sin agus cleachdaidh mi a' bhuidheann seo mar eisimpleir shònraichte de ghnìomh coitcheann: stèidheachadh ghnàthan-cànain ùra an rèis iomairt ath-bheothachaidh-chànain. Thagh mi a' bhuidheann seo dhan mheòrachadh a leanas a chionn 's gu bheil i a' toirt cothrom grinn sgiobalta dhuinn gnìomh an ideòlais a sgrùdadh ann am buidheann bheag rè ùine ghoirid, taobh a-staigh aon bhliadhna acadèamach, ach cuideachd, a chionn 's gum bu toil leam an sgeama seo a mholadh mar dheagh eisimpleir de ro-innleachd leasachaidh-chànain a thèid cleachdadh nas fharsainge.¹

B' e gnè de 'Ghaeltacht nua' a bhiodh ann an Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide. Tron Sgeama, chaidh àiteachan-fuirich a chur air dòigh am broinn Choláiste na Tríonóide do dh'oileanaich a bha fileanta ann an Gàidhlig na h-Èireann. Gheibheadh na h-oileanaich àiteachan-fuireach cruinn còmhla air àrainn na Colaiste agus mìle Euro far na cìsean-còmhnaidh aca, agus an iomlaid, bha dùil romhpa gum bruidhneadh iad Gàidhlig na h-Èireann ri chèile agus gun cuireadh iad tachartasan Gàidhlig air dòigh a chuireadh ri inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig am measg muinntir na Colaiste anns an fharsaingeachd. Anns a' bhliadhna acadèamaich, 2006-2007, chaidh trì àiteachan-fuirich tur Ghàidhlig a chur air dòigh tron Sgeama, fear do dh'oileanaich ùra anns a' chiad bhliadhna, fear do dh'oileanaich anns an dàrna, treas agus ceathramh bliadhna, agus fear eile do dh'oileanaich urram ('sgoileirean'). Chaidh na trì àiteachan-fuirich seo a ruith ann an dòighean beagan eadar-dhealaichte o chèile mar thoradh air na diofar seòrsa oileanach a bha a' fuireach annta, agus an seo, coimheadaidh sinn gu sònraichte air an fhear a bu mhotha dhiubh, an t-àite-fuirich Gàidhlig do dh'oileanaich anns an dàrna, treas agus ceathramh bliadhna, le 18 oileanaich a' fuireach ann. Rinneadh agallamhan le stiùirichean agus oileanaich anns an Sgeama agus tha an aithisg a leanas air a togail gu h-ìre mhòir bho na dàta-agallaimh sin. Rinneadh agallamhan gun urra ris na h-oileanaich, ach rinneadh agallamhan ainmichte oifigeil leis na stiùirichean, agus mar sin, bha cothrom aig na stiùirichean trasgrìobhainnean nan agallamhan aca a leughadh agus a dhearbhadh mus do chleachdadh anns an sgrùdadh iad.

Fo sgàil eachdraidh na Colaiste, chuireadh e iongnadh air cuid gun robh Gàidhlig na h-Èireann cho làidir aig Coláiste na Tríonóide aig àm an rannsachaidh, le trì àiteachan-fuirich do luchd-labhairt na Gàidhlig air làrach na Colaiste, agus 36 oileanaich a' fuireach eatarra. Chaidh Colaiste na Tríonóide a chur air bhon aig deireadh na siathamh linn deug le Ban-rìgh Ealasaid I gus buaidh Shasainn a neartachadh anns an dùthaich, gus Pròstanachd a chur air adhart agus gus

¹ Eadar àm an rannsachaidh agus sgrìobhadh na caibideil seo, chaidh sgeama-còmhnaidh a chur air cois dha na h-oileanaich Ghàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu, bonntaichte gu h-ìre air eisimpleir nan sgeamaichean-còmhnaidh ann an Èirinn. (Fiona Dunn, Oifigear na Gàidhlig, Oilthigh Srath Chluaidh, conaltradh pearsanta, 31-5-2011)

"*the Gaelic cultural tradition*" a bhriseadh ann an Èirinn. (McDowell agus Webb 1982: 2-3) Mar sin, bhiodh ideòlas-cànain Scéim Chónaithe Cholaiste na Tríonóide dubh an aghaidh ideòlas-stèidheachaidh na Colaiste fhèin. Aig deireadh na naodhamh linn deug agus aig toiseach Ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Èirinn, bha ideòlas-cànain an aghaidh na Gàidhlig fhathast làidir ann an Coláiste na Tríonóide. Mhìnich Dubhghlas de hÍde inbhe na Gàidhlig am measg muinntir na Colaiste, mar a leanas,

[...] 'gur cuma leis an tír seo, gur maith leis gach cuimhne a bhfuil ceangailte leis an dteangain, bheith dul ar gcúl', mar a deir, faraoir, cuid mhór den lucht múinte, agus go háirithe más ó Cholaiste na Tríonóide thagann siad, [...]

[...] 'gu bheil e coma mun tír seo, gum b' fheàrr leis a chùl a chur ri gach cuimhne a tha ceangailte ris a' chànan,' mar a chanadh, gu brònach, cuid mhòr dhe na sgoilearan, agus gu h-àraidh mas ann à Coláiste na Tríonóide a tha iad, [...]

Hyde (1986) [1880]: 54

Ach tron fhicheadamh linn, fhad 's a dh'atharraich suidheachadh na Gàidhlig ann an Èireann, neartaich inbhe na Gàidhlig anns a' Cholaiste. Beagan bhliadhnaichean mus do thòisich an Scéim Chónaithe, chaidh lagh ùr an reachd ann am Poblachd na h-Èireann, *The University Act 1997*, a chuir ìmpidh air a h-uile oilthigh, Coláiste na Tríonóide nam measg, a' Ghàidhlig a bhrosnachadh. Tha a' Ghàidhlig ainmichte corra uair anns an Achd, ach tha na faclan as treasa rin leughadh ann an earrann 12, ann an liosta de riatanasan fon cheann, "*Objects of University*,"

to promote the official languages of the State, with special regard to the preservation, promotion and use of the Irish language and the preservation and promotion of the distinctive cultures of Ireland

University Act (1997: § 12, cl. e)

B' ann anns a' cho-theacsa ùir seo a chaidh an Sgeama a stèidheachadh. Bha sgeamaichean-còmhnaidh Gàidhlig air chois mar thà ann an oilthighean eile ann an Èirinn, agus nuair a chuir Coiste na Gaeilge (Comataidh na Gàidhlig) aig Coláiste na Tríonóide romhpa gun cuireadh iad fhèin sgeama dhen leithid air dòigh, bha rianairean na Colaiste tuilleadh 's deònaich taic a thoirt dhan iomairt, mar a mhìnich Cathal Ó Háinle, rùnaire na Comataidh aig an àm,

Now when it started, I think 2003, I was actually taken by surprise at the alacrity with which the College made provision for this. I put the proposal first of all to the Provost and then the Dean of Residence and both gave their blessing, and in fact the Dean suggested that why don't we just start it immediately, for the upcoming academic year.

Thòisich an Sgeama le deichnear oileanach nan còmhnaidh anns an aon àite-fuirich, agus leudaich an Sgeama gach bliadhna gus an robh na trì àiteachan-fuirich air dòigh ann an 2006-2007. Mar thoradh air an taic làidir bho rianairean na Colaiste, bha an Sgeama ann an suidheachadh gu math fàbharach. Anns an fharsaingeachd, tha àiteachan-fuirich air àrainn

Choláiste na Tríonóide tearc, agus miann mòr orra am measg nan oileanach. Mar sin, gach bliadhna, bha an fharpais airson àiteachan anns an Sgeama teann agus bhiodh an àireamh de thagraichean fada os cionn na h-àireimh de sheòmraichean air tairgse. Thug an t-iarrrtas mòr seo cothrom do stiùirichean an Sgeama a bhith glè roghnach agus thagh iad na h-oileanaich gu faiceallach. Chuireadh oileanaich form-iarrtais a-steach, agus stèidhichte air na formaichean sin, rinneadh geàrr-liosta airson agallamhan. Mhìnich Cathal Ó Háinle gun robh sùil aca ri dà rud anns na h-agallamhan,

Well first of all a competence to speak Irish relatively normally, relatively freely and competently, and then as I say, some evidence for genuine participation in Irish language activities. And very often when it comes to the interview, my experience was anyway, that you could fairly easily identify people whose enthusiasm for the language was genuine and distinguish them from others who were simply using it as a device to get a room in college because, as I've said before, rooms in college are very much sought after.

Mheas stiùirichean an Sgeama comas Gàidhlig nan tagraichean, ach cuideachd, bha iad an dùil ri fianais gun robh na tagraichean an sàs ann an iomairt na Gàidhlig mar thà, agus thagh iad oileanaich mar sin a bha ga rìribh dìleas dhan chànan. Chleachd stiùirichean an Sgeama siostam-taghaidh teann gus ideòlas agus gnàthan na Sgeama a stèidheachadh anns a' chiad dol-a-mach, mar a chaidh mìneachadh leis an oileanach a leanas,

Well that was part of the interview; to find out would you be willing to speak Irish all the time, and on a regular basis to everyone, is it something that you would just do anyway, without having to put any pressure on you. That's what they were trying to work out through the interviews.

Gu bunasach, thèid ideòlas a stèidheachadh ann am buidheann ann an dà dhòigh: le taghadh agus/no le sòisealachadh. Gabhaidh buill taghadh do bhuidhinn a thèid le ideòlas na buidhne mar thà, neo gabhaidh buill iompachadh do dh'ideòlas na buidhne rè ùine anns a' bhuidhinn fhèin. (Simons agus Ingram 1997: 785-786; faicibh cuideachd Sheaffer et al. 2010: 392-394) Chithear an seo gun deach oileanaich a thaghadh dhan bhuidhinn a dh'aontaich gu h-ìre mhòir ri ideòlas an Sgeama mar thà, ach cuideachd, agus mar a mhìnich an t-oileanach gu h-àrd, an dèidh an taghaidh, cha robh na stiùirichean an sàs mòran ann an riaghladh cleachdaidh-chànain anns an Sgeama latha gu latha. Theirte mar sin gun deach ideòlas Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide a stèidheachadh le taghadh seach sòisealachadh, aig ìre oifigeil co-dhiù. (cf. Armstrong ri teachd)

Bhite an dùil, nam biodh na h-oileanaich fileanta anns a' Ghàidhlig agus iad an sàs ann an tachartasan Gàidhlig mar thà, gun rachadh an dàimh aca ris a' chànan air ais fada. Agus gu dearbh, cha do bhuannaich gin dhe na h-agallaichean a' Ghàidhlig anns a' Cholaiste fhèin. Bha cuid a' sgrùdadh na Gàidhlig ann an Roinn na Gaeilge aig a' Cholaiste, ach dh'aithris na h-agallaichean uile gun robh a' Ghàidhlig aca gu ìre no eile mus do ràinig iad an t-oilthigh. Bha neach às a' Ghaeltacht oifigeil nam measg, ach cuideachd, bha cuid ann a thog an cànan anns an dachaigh, ach air taobh a-muigh na Gaeltacht oifigeil, agus bha cuid eile ann a thog an cànan anns na gaelscoileanna. Thog càch an cànan anns na sgoiltean Beurla mar chuspair agus anns na

colaistean-samhraidh anns a' Ghaeltacht. Bha buntannas aca uile do làraichean-sòisealachaidh Gàidhlig no do bhuidhnean-sòisealachaidh Gàidhlig taobh a-muigh na Colaiste, làraichean no buidhnean far an rachadh an sòisealachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh. Agus nuair a chaidh an taghadh dhan Sgeama, shiubhail na gnàthan Gàidhlig seo dhan Sgeama còmhla riutha. (Armstrong ri teachd) Mar eisimpleir, mhìnich an t-oileanach a leanas gun do thog i ùidh anns a' Ghàidhlig ann an colaiste-shamhraidh far an robh riaghailt Ghàidhlig làidir an reachd,

TCA: How did you acquire Irish?

Agallaiche: Well, it was compulsory in school, but I took an interest in it when I was sent to Irish college when I was in about fourth class primary school. [...] I spent a summer there and then came back and loved it. I've been going ever since, and then I started to work [in the Irish college] when I got to secondary school, and then in college, and then it just grew, and grew, and grew.

TCA: What was the name of that Irish college?

Agallaiche: It's called Coláiste na bhFiann. [...] and they are probably the most strict Irish colleges you can go to. There's absolutely no English allowed, whatsoever. It was severe punishment if you spoke English, you were just thrown out straight away. But they are great colleges [...]

Tha e inntinneach coimeas a dhèanamh eadar an earrann seo agus am pìos aig Andrea Byrne gu h-àrd. Bha beachdan gu math eadar-dhealaichte aig an dithis mu dheidhinn an linne-san ann an colaistean-samhraidh treun-riaghailteach: Andrea Byrne dubh shearbh air an dàrna làimh agus an t-oileanach seo a' gabhail ris an riaghailt Ghàidhlig agus a' moladh Choláiste na bhFiann air an làimh eile. Tha an dà chaochladh bhreithneachadh a' taisbeanadh dhuinn mar a tha gnàthan-cànain dàimheach, agus nach meas diofar dhaoine na h-aon ghnàthan anns an aon dòigh. Tuigear mar sin, nuair a tha Andrea Byrne a-mach air gnàthan a tha tuilleadh 's *zealous* neo nuair a tha Ruth Wishart a-mach air *compulsion*, gu bheil na faclan seo nan inneacs (*index*) air suidheachadh far a bheil gnàthan-cànain ùra gan cur air adhart agus far a bheil diofar ideòlasan-cànain am farpais ri chèile. Tha gnàthan-cànain nam feart coitcheann anns a h-uile comann, ach 's ann tric, nuair a bhios aon ideòlas-cànain buadhach anns a' chomann, bidh gnàthan-cànain am falach mar chùis 'nàdarra' agus cha toir luchd-labhairt for orra, ged a bhios na gnàthan sin fhathast a' riaghladh cleachdaidh-chànain latha gu latha. (Armstrong 2010) Ach nuair a cuirear ideòlas-cànain ùr air adhart, air neo, nuair a tha dà ideòlas-cànain eadar-dhealaichte am farpais ri chèile anns an aon chomann, thèid na diofar gnàthan-cànain am follais dhan luchd-labhairt agus bidh ideòlas agus gnàthan rin deasbad am measg a' phobail anns a' chomann sin.

A thaobh a' chomainn bhig fon phrosbaig an seo, dh'aontaich na h-oileanaich agus stiùirichean uile gum b' e soirbheas a bh' ann an Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide agus gun deach Gàidhlig a bhruidhinn mar as gnàthach am measg nan oileanach anns na h-àiteachan-fuirich. Ach aig a' cheart àm, chan e iongnadh a th' ann 's gun do dh'aithris cuid dhe na h-oileanaich nach deach an t-ideòlas-cànain Gàidhlig làidir seo a stèidheachadh le taghadh a-mhàin, agus gun robh sòisealachadh cuideachd na phàirt dhen ghnìomh ideòlach anns an Sgeama, sòisealachadh neo-fhoirmeil eadar na h-oileanaich fhèin. Dh'aithris na h-oileanaich gun robh cleachdadh-cànain

fhathast trioblaideach eatarra aig amannan agus gun do dh'earalaich iad a chèile bho àm gu h-àm a bhith a' cumail ris a' Ghàidhlig,

[...] you do have some strong characters in here that will tell you if you're speaking English [...] if someone in the scheme would speak English to you, you'd get the odd person in this house that would either say, "Why are you speaking English?" or else, "Speak Irish!" until they speak Irish [...]

Dh'aithris an t-oileanach seo, a dh'aindeoin an taghaidh fhaiceallaich a rinn stiùirichean an Sgeama, gun robh cleachdadh-cànain na adhbhar connspaid fhathast aig amannan, agus gun robh na h-oileanaich an sàs ann an sòisealachadh càch a chèile a thaobh ideòlas an Sgeama nuair a thogadh ceistean mu chleachdadh-cànain ceann. (cf. Armstrong ri teachd) Is colach, eadar na stiùirichean a' taghadh nan oileanach ceart agus na h-oileanaich fhèin a' sòisealachadh a chèile chun na Gàidhlig, gun deach gnàth Gàidhlig làidir a stèidheachadh anns an Sgeama, agus gun do shin an gnàth sin a-mach do dh'àrainn na Colaiste agus dhan t-saoghal mhòr. Mar eisimpleir, mheas oileanach gum bruidhneadh e a' Ghàidhlig le cuideigin eile bhon Sgeama, fiù 's anns a' bhaile far an do thogadh e, "*[...] if I met some on the Scheme at home in [a mid-sized East-coast town], I'd still speak Irish, because that's how we interact now.*" Agus dh'aithris oileanach eile gun tug an Sgeama buaidh air cleachdadh-cànain anns a' Cholaiste anns an fharsaingeachd,

You could walk around, especially in the Arts Block, and you will hear people, you'll walk by people, and they're speaking Irish, a lot of them are studying Irish, or involved in the Scheme. [...] It's a well known fact that [the Scheme is] here, and because it's in Front Square now, and the [Student Union] shop is there, a lot of people have commented that they're hearing a lot more Irish around.

Anns a' chunntas-rannsachaidh seo, thagradh nach bruidhinn daoine cànanan 'gu nàdarra' ach gum bruidhinn iad an cànanan a rèir nan ideòlasan a tha rin lorg anns a' chomann anns a bheil iad, agus shealladh nach nochd ideòlas-cànain air feadh a' chomainn gun rian ach gun tèid a stèidheachadh tro ghnìomh a tha colach ri cuairteachadh. Tràth nam beatha, thèid daoine a shòisealachadh gu ideòlas-cànain ann an làraichean-sòisealachaidh cudromach, anns an dachaigh agus anns an sgoil am measg làraichean eile, agus an uair sin, tro am beatha, bidh daoine gan seòrsachadh eadar diofar bhuidhnean agus thèid na h-ideòlasan aca a neartachadh neo atharrachadh anns na buidhnean sin. Tha seo a' ciallachadh, ma tha sinn airson mion-chànan ann an cunnart mar a' Ghàidhlig ath-neartachadh, feumaidh sinn aire a thoirt air a' ghnìomh ideòlach seo agus cuairteachadh ideòlach a dhealbhadh an taic ri cleachdadh a' mhion-chànain. Feumaidh sinn suidheachaidhean agus làraichean a chur air chois far an stèidhichear ideòlas an taic ri chleachdadh a' mhion-chànain am measg a luchd-labhairt. 'S e deagh eisimpleir dhen t-seòrsa làrach-sòisealachaidh seo a th' ann an Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide. Tha mòran làraichean-sòisealachaidh Gàidhlig ann an Èirinn, leithid nan gaelsgoileanna agus nan colaistean-samhraidh, ach tha iad ag amas air chloinn anns a' mhòr-chuid, seach deugairean neo inbhich. Tha Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide gu sònraichte buannachdail a chionn 's gu bheil i a' neartachadh ideòlas a thaobh cleachd na Gàidhlig am measg inbheach òga aig aois chudromach, aois nuair a bhios daoine a' cruthachadh na fèin-aithne abaich inbhich aca, a' lorg chèilean, agus a' tòiseachadh air togail-cloinne. Mar sin, cuiridh rannsachadh air a' ghnìomh ideòlach ann am

buidhnean beaga colach ri Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide ri ar tuigse air leasachadh-cànain ann an dòigh phractaigich aig a' mhion-ìre.

Ach tha e soilleir gu bheil corra cheist fhathast romhainn mun ghnìomh. Mhìneachadh gu h-àrd gun robh stiùirichean an Sgeama ann an suidheachadh gu math fàbharach agus gun robh iartas mòr am measg nan oileanach air àiteachan-fuirich air àrainn na Colaiste. Thug an suidheachadh fàbharach seo cothrom àraid dha na stiùirichean agus chleachd iad gnìomh taghaidh teann gus ideòlas a stèidheachadh anns an Sgeama, gun a bhith a' dol an sàs mòran ann an dealbhadh an t-sòisealachaidh ideòlaich am measg nan oileanach ann an dòigh fhoirmeil oifigeil. Ach tha e follaiseach nach biodh mòran bhuidhnean Gàidhlig anns an aon suidheachadh fhàbharach agus gum feumadh iad fada a bharrachd cuideam a chur air sòisealachadh ann an stèidheachadh ideòlais Ghàidhlig am measg am ballrachd-san. Gu dearbh, an seo ann an Sabhal Mòr Ostaig, bidh cleachdadh-cànain uaireannan gu math trioblaideach, agus dh'ionnsaich sinn gum feum sinn obair gu làidir air brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg ar n-oileanach agus ar luchd-obrach an taic ris an àrainneachd tur Ghàidhlig a tha sinn a' togail aig a' Cholaiste. Ach anns an fharsaingeachd, cha chreid mi gun tuig sinn sòisealachadh ideòlach an taic ri cleachdadh-cànain gu math fhathast. Dè an dòigh as fhèarr a bhith a' cur ghnàthan-cànain air adhart ann am buidheann, mur eil a ballrachd dileas dhan chànan mar thà neo cleachdte a bhith ga bhruidhinn ann an suidheachadh ùr? Agus ann an diofar seòrsa bhuidhnean mar ghnìomhachasan priobhaideach neo buidhnean fosgailte deamocratach saor-thoileach, dè nithear mu dheidhinn bhall a dhiùltas gabhail ris na gnàthan-cànain ùra? Dè nithear mu dheidhinn eas-aonta neo mì-thuigse a thaobh ideòlas-cànain na buidhne? Ciamar a thogar co-aonta air ideòlas cànain ùr ann am buidheann? B' fhiach barrachd rannsachaidh ann an iomadh seòrsa bhuidhnean (m.e. teaghlaicean, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean riaghaltais, buidhnean carthannais) air na ceistean deacair seo.

Cuideachd, mholainn gu bheil rannsachadh air iomairtean colach ri Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide feumail a cionn 's gun toir e dealbh dhuinn dhen Ghàidhlig beò ann an riochd lionraidh. Tha cuid a' cumail a-mach nach mair coimhearsnachd-cànain ann an riochd lionraidh agus gu bheil beothalachd na Gàidhlig an eisimeil air coimhearsnachdan sgìreil le dùmhlachd de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach cruinn còmhla anns an aon àite. (cf. Hindley 1990) Ach dh'aithris na h-oileanaich anns an Sgeama gun robh a' Ghàidhlig beò nan saoghal fhèin, ged nach robh ach fear aca às a' Ghaeltacht oifigeil. Mhìnich iad gun cleachdadh iad a' Ghàidhlig anns an Sgeama gu cinnteach, ach cuideachd, gun cleachdadh iad a' Ghàidhlig air taobh a-muigh an Sgeama ann am mòran àiteachan: aig obair ann an gnìomhachasan Gàidhlig, ri spòrs aig a' chlub-oidhche Ghàidhlig agus aig an taigh-seinnse Ghàidhlig ann am Baile Átha Cliatha, agus aig fois le caraidean agus le càirdean gu mì-fhoirmeil mun chuairt air a' Cholaiste agus anns a' bhaile fhèin. Agus dh'aithris iad gum b' e snàithlean ceangail a bh' anns a' Ghàidhlig a ruith tro am beatha air fad. Thogadh cuid ann an teaghlaicean leis a' Ghàidhlig agus chaidh cuid eile dha na gaelscoileanna neo dha na colaistean-samhraidh, agus chuir mòran an cèill anns na h-agallamhan gun robh iad an dòchas gun cleachdadh iad a' Ghàidhlig nan dreuchdan anns an àm ri teachd agus iad an dùil gun togadh iad an cuid cloinne leis a' Ghàidhlig cuideachd. Shealladh leis na dàta seo gun do chuir Scéim Chónaithe Choláiste na Tríonóide ri neart an lionraidh Ghàidhlig ann am Baile Átha Cliatha, agus gun do bhuannaich na h-oileanaich gnàthan Gàidhlig innte a thug buaidh air cleachdadh na Gàidhlig air feadh am beatha.

Dh'fhaighnich Susan Daly ceist inntinneach ann an alt a nochd anns *The Evening Herald* ann am Baile Átha Cliath o chionn ghoirid,

Let's be honest. We wring our hands at the news that our native tongue is dying. How many of us will be so distraught that we'll pass an order that only Irish be spoken at the dinner table?

Daly (2, Am Màrt, 2009)

Chleachd i a' cheist seo ann an argamaid an aghaidh Ath-bheothachadh na Gàidhlig ann am Poblachd na h-Èireann, ach b' e puing shusbainteach a bh' aice co-dhiù. Ma tha sinn airson a' Ghàidhlig a neartachadh, feumaidh sinn a bhith deiseil agus deònach dol an sàs ann an stèidheachadh agus dìon ghnàthan Gàidhlig uair agus uair, anns a' choimhearsnachd, aig obair, agus aig an taigh. Bidh an obair ideòlach seo connspaideach agus doirbh aig amannan gu cinnteach, agus 's fhiach e a bhith seòlta agus ro-innleachdail ma deidhinn gun teagamh, nach dèanar nàimhdean dhan Ghàidhlig gun adhbhar. Bha Ruth Wishart glè cheart nuair a sgrìobh i, "*people need to be enthused*" mun chànan aca mus tig piseach air. Ach aig a' cheart àm, tha e cudromach gun tuigear gur e gnìomh sòisealta a th' ann an cleachdadh-cànain agus mura stèidhichear ideòlas a chumas taic ri cleachdadh na Gàidhlig, bidh làmh an uachdair fhathast aig ideòlas aona-chànanach na Beurla, agus cha tèid a' Ghàidhlig a bhruidhinn.

Buidheachas

Tha a' chaibideil seo a' tarraing air rannsachadh agus air sgrìobhadh a rinn mi chun PhD a choisinn agus bu toil leam taing mhòr a thoirt dha na comhairlichean PhD agam, Iain Mac an Tàilleir, Meg Bateman agus John Walsh, cho math ris an luchd-sgrùdaidh agam, Gillian Rothach agus Roibeard Ó Maolalaigh. Cuideachd, bu toil leam taing shònraichte a thoirt do dh'Eoin Mac Cárthaigh aig Coláiste na Tríonóide airson a' chuideachaidh fhialaidh a thug e dhomh aig gach ceum.

Armstrong, Timothy C. (2010) "Nàdarrachd agus Ùghdarrachd ann an Ideòlas-cànain an Ath-bheothachaidh ann an Èirinn." Ann an: Dr Moray Watson agus Lindsay Milligan (Deas.), *From Vestiges to the Very Day: New Voices in Celtic Studies*. Obar Dheathain: Center for Irish and Scottish Studies, 91-98.

Armstrong, Timothy Currie (2011) "Bilingualism, Restoration and Language Norms." Ann an: John M. Kirk and Dónall P. Ó Baoill (Deas.), *Strategies for Minority Languages: Northern Ireland, the Republic of Ireland, and Scotland*. Beul Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 172-179.

Armstrong, Timothy Currie (ri teachd) "Establishing New Norms of Language Use; The circulation of linguistic ideology in three new Irish-language communities."

Byrne, Andrea (13, An Giblean, 2007) The Cupla Focal's Conquest. *The Irish Independent*.

Clayton, Stephen (2008) "The problem of 'choice' and the construction of the demand for English in Cambodia." *Language Policy* 7(2), tdd.143–164.

Daly, Susan (2, Am Màrt, 2009) We must stop paying lip service to our mother tongue. *The Evening Herald* (Baile Átha Cliath).

Hindley, Reg (1990) *The death of the Irish language, A qualified obituary*. London: Routledge.

- Hyde, Douglas (1986) [1880] “Smaointe.” Ann an: Douglas Hyde, *“Language, Lore and Lyrics, Essays and Lectures,”* Dublin: Irish Academic Press, 54-65.
- Kroskrity, Paul V. (2004) “Language Ideologies.” Ann an: Alessandro Durant (Deas.), *A Companion to Linguistic Anthropology,* Oxford: Oxford University Press, 496-517.
- McDowell, R.B. agus Webb, D. A. (1982) *Trinity College Dublin, 1592-1952, an academic history.* Cambridge: Cambridge University Press.
- McEwan-Fujita, Emily (2005) “Neoliberalism and minority-language planning in the Highlands and Islands of Scotland.” *The International Journal of the Sociology of Language* 171, 155-171.
- Sheaffer, Zachary, Honig, Benson agus Carmeli, Abraham (2010) “Ideology, Crisis Intensity, Organizational Demography, and Industrial Type as Determinants of Organizational Change in Kibbutzim.” *The Journal of Applied Behavioral Science* 46(3), 388-414.
- Simons, Tal agus Ingram, Paul (1997) “Organization and Ideology: Kibbutzim and Hired Labor, 1951-1965.” *Administrative Science Quarterly* 42, 784-813.
- University Act (1997) www.irishstatutebook.ie, faighte 22/5/07.
- Wishart, Ruth (4, An Giblean, 2007) Let weans speak oot in oor ain guid Scots leid. *The Herald* (Glaschu).
- Woolard, Kathryn A. (1998) “Language Ideology as a Field of Inquiry.” Ann an: Bambi B. Schieffelin, Kathryn A. Woolard agus Paul V. Kroskrity (Deas.), *Language Ideologies, Practice and Theory,* Oxford: Oxford University Press, 3-50.